

Comhairle na Gàidhealtachd

Geàrr-chunntas coinneamh **Comataidh na Gàidhlig** a chumadh ann an Seòmar na Comhairle, Prìomh Oifis na Comhairle, Rathad Ghlinn Urchadain, Inbhir Nis air Diciadain 3 Ògmhios 2026 aig 2f.

An làthair:

Mgr R Bremner (Air astar)

Mgr I MacIlleDhuinn

Mgr S Camshron

A' Bh-uas I Chaimbeul (Air astar)

A' Bh-uas C NicIlliosa

Mgr I Grafton

Dr M Gregson

Mgr P Logue

Mgr U MacAoidh (Air astar)

A' Bh-uas C NicIlleathain

Mgr D Mac a' Mhuilleir

A' Bh-uas M NicPheadrais (Air astar)

Neo-Bhuill cuideachd an làthair:

Mgr I MacFhionnlaigh (Air astar)

Mgr P Oldham (Air astar)

A' frithealadh na coinneimh:

A' Bh-uas C Lackie, Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

A' Bh-uas C Macklin, Ceannard Seirbheis, Seirbheisean Amalaichte Dhaoine

Mgr D Màrtainn, Ceannard Ro-innleachdail, Seirbheisean Amalaichte Dhaoine

A' Bh-uas L Walker, Manaidsear Leasachaidh Gàidhlig

A' Bh-uas E Rodgers, Oifigear Poileasaidh Gàidhlig

Mgr R MacAoidh, Oifigear Leasachaidh, Foghlam agus Ionnsachadh

A' Bh-uas L Collie, Oifigear Pròiseict (Siubhal Gnìomhach)

A' Bh-uas D NicDhonnchaidh, Prìomh Thidsear, Bun-Sgoil Thunga

A' Bh-uas M Mulholland, Oifigear Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd

A' Bh-uas S NicIllinnein, Manaidsear Cho-Sheirbheisean Deamocratach

A' Bh-uas G Nic a' Phearsain, Prìomh Oifigear Comataidh

Mgr C Ros, Oifigear Comataidh

Cuideachd a' frithealadh na coinneimh:

Mgr D MacCoinnich, Oifigear Leasachaidh Gàidhlig, Leasachadh Sgilean na h-Alba

A' Bh-uas E NicCoinnich, Manaidsear Fèisgoil, Fèisean nan Gàidheal

Tha rionnag air iomall na duilleige a' comharrachadh moladh a thèid chun na Comhairle. Tha co-dhùnaidhean gun chomharra fo ùghdarras na Comataidh.

Mgr D Mac a' Mhuilleir anns a' Chathair

Gnothach

1. Gairm a' Chlàir agus Leisgeulan

Thugadh leisgeul seachad às leth Mhgr A Mhic an Tòisich.

2. Foillseachaidhean Com-pàirt/Aithris Fhollaiseachd

3. Naidheachdan Matha

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** do na Naidheachdan Matha a leanas:-

Seachdain na Gàidhlig

Bhathar a' dèanamh deagh obair air feadh na Gàidhealtachd a' toirt sgoilearan ann am Foghlam tron Ghàidhlig agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig còmhla gus an cànan a chomharrachadh. Mar phàirt dhen t-seachdain, bha Tobar an Dualchais air tadhal air 6 sgoiltean sa Ghàidhealtachd, a' cumail bùth-obrach mun dòigh sam bu chòir an stòr-dàta ghoireasan agus am mapa ùr eadar-obrachail aca a chleachdadh gus clàraidhean bhon sgìre aca fhèin a lorg.

Àrd-Sgoil Ullapuil

Bha sgoilearan air Latha Spòrs Gàidhlig a chur air dòigh do sgoilearan àrd-sgoile eile ann am FtG. Chuireadh meal an naidheachd sònraichte air Àrd-Sgoil Inbhir Theòrsa a choisinn an sgiath airson a bhith a' dèanamh na h-oidhirp a bu làidire gus a' Ghàidhlig a chleachdadh.

FilmG

Bha mòran thagraidhean air a dhol a-steach bho air feadh na Gàidhealtachd gu farpais nam Filmichean Goirid Gàidhlig, agus bha mòran dhiubh seo air a' gheàrr-liosta airson na cuairt deireannaich a bhathar a' cumail ann an Glaschu air 11 Ògmhios.

Cuach na Cloinne

Bha farpais ball-coise bliadhnail Cuach na Cloinne ga cumail aig Pàirc a' Bhucht, Inbhir Nis, le sgiobaidhean bho air feadh Alba a' gabhail pàirt. Bhiodh an Comhairliche Iain MacIlleDhuinn, ball de Chomataidh na Gàidhlig, an làthair gus Cuach na Cloinne a thoirt seachad dha na buannaichean.

Mòd Ionadail an Eilein Sgitheanaich

Chaidh taing a thoirt do dh'fharpaisich aig Mòd Ionadail an Eilein Sgitheanaich an t-seachdain roimhe agus chaidh meal an naidheachd a chur air na buannaichean airson sàr thaisbeanaidhean a libhrigeadh agus airson nan sgilean àrda a bha follaiseach sna tachartasan ciùil agus ann an càileachd àrd na Gàidhlig.

4. Pròiseact Slighean Meadhan Baile Inbhir Nis

Bha taisbeanadh ann bho Lizbeth Collie, Oifigear Pròiseict (Siubhal Gnìomhach).

Mhìnich an taisbeanadh an fheallsanachd a bh' air cùl a' phròiseict, agus mar a bhathar air coltas is maireannachd nan soidhnichean a leasachadh, air daoine a chuideachadh gus slighean a lorg, air barrachd dhaoine a thàladh gu taobh siar Abhainn Nis, agus air siubhal gnìomhach a bhrosnachadh cuideachd. Bha fòcas air a' Ghàidhlig air na soidhnichean air a chur an cèill tron taisbeanadh.

Chaidh fàilte a chur air a' phròiseact agus bha e a' sealltainn cho cudromach 's a bha a' Ghàidhlig do roinn turasachd na Gàidhealtachd. Mar fhreagairt do cheist a thaobh soidhne airson a' Chultarlainn, chaidh mìneachadh nach robh e air a bhith comasach gach ceann-uidhe cudromach a chur air na soidhnichean air sàillibh cion rùim.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan taisbeanadh.

5. Pròiseact Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig Fèis-sgoil na Sgìre a Tuath

Bha taisbeanaidhean ann bhon Bh-uas Eilidh NicCoinnich, Manaidsear Fèisgoil, Fèisean nan Gàidheal agus bhon Bh-uas Dee NicDhonnchaidh, Prìomh Thidsear Bun-Sgoil Thunga, far an do mhìnich iad an t-adhartas a bhathar air a dhèanamh ann a bhith a' stèidheachadh is a' brosnachadh foghlam Gàidhlig ann an sgoiltean agus far an do chuir iad an cèill na dùbhlain a bha an lùib misneachd thidsearan agus na bha e comasach a dhèanamh.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingeon a leanas a thogail:

- bhathar a' cur fàilte air na h-iomairtean;
- rinn Buill moladh air an fhoghlam Ghàidhlig ruigsinneach is air na cothroman ionnsachaidh a chaidh a leudachadh air feadh na Gàidhealtachd; agus
- chaidh moladh gum bu chòir beachdachadh air ùrlar air-loidhne a chruthachadh airson Gàidhlig ionnsachadh. Chaidh meòrachadh gum faodadh seo cothrom a thoirt seachad gus ionnsachadh na Gàidhlig a leudachadh air feadh an t-saoghail agus gum faodadh teachd-a-steach tighinn às cuideachd.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dha na taisbeanaidhean.

6. Siuthad! Tachartas Bliadhna Dreuchdan Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/6/26 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine agus bha taisbeanadh ann bho Mhgr Derek MacCoinnich, Leasachadh Sgìlean na h-Alba.

B' e tachartas gun samhail a bh' ann an Siuthad! agus bha e ag amas air sgoilearan ÀS2/ÀS3 ann am Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Bha e air a chur air dòigh le Comhairle na Gàidhealtachd agus Leasachadh Sgìlean na h-Alba, le maoinachadh cuideachd bho Bhòrd na Gàidhlig agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Bha an tachartas ag amas air sgoilearan a bhrosnachadh gus cumail a' dol leis a' Ghàidhlig san sgoil agus sealltainn na bha de dhreuchdan rim faotainn tro thaisbeanaidhean is tro bhùithtean-obrach co-obrachail.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingeon a leanas a thogail:

- bha an Cathraiche, às dèidh a bhith an làthair aig tachartas na bliadhna seo, air a mhisneachadh a bhith a' faicinn na h-uimhir de dhaoine òga an làthair

agus bha e an dòchas gun leanadh a' Chomhairle air adhart a' toirt taic dhan tachartas airson iomadh bliadhna ri thighinn;

- bha e cudromach cothroman dreuchdail a bhrosnachadh cho tràth 's a b' urrainnear, agus chuir Buill fàilte air luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a bhith na lùib cuideachd;
- chaidh faighneachd co-dhiù a bha còmhraidhean sam bith air a bhith ann le Workforce North a thaobh a bhith a' cur na Gàidhlig air adhart mar phàirt dhen àite-obrach, agus a' toirt aithne dhan chànan mar phàirt de lèirsinn Workforce North. Mar fhreagairt, bhathar air còmhraidhean tùsail a chumail agus bhathar air stuthan brosnachaidh a dhèanamh;
- bhathar ag aithneachadh gun robh buannachd an lùib a bhith a' bruidhinn dàrna cànan; agus
- bha sgoilearan air am brosnachadh às dèidh pàirt a ghabhail ann an tachartasan a leithid Siuthad! agus FilmG agus bhathar toilichte gun robh Leasachadh Sgilean na h-Alba a' cur luach air a seo.

Às dèidh sin:-

- i. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** do shusbaint na h-aithisge seo mu Shiuthad!;
- ii. **DH'AONTAICH a' Chomataidh** leantainn air adhart a' toirt taic do chom-pàirteachas sgoilearan àrd-sgoile ann an Siuthad!; agus
- iii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh leantainn air adhart ag obair còmhla ri Leasachadh Sgilean na h-Alba gus Siuthad! a chur air dòigh.

7. Cunntas air Maoinean Urras an Fhoghlaim

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/7/26 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** do na leanas:-

- i. na tha Maoinean Urras an Fhoghlaim a' cur ri foghlam Gàidhlig is gnìomhachd Ghàidhlig;
- ii. an raon farsaing de dh'urran is sgeamaichean bursaraidh Gàidhlig a th' ann an dlùth chompanas;
- iii. an obair leantainneach gus dòighean-obrach maoineachaidh is co-roinn fiosrachaidh a cho-thaobhadh thar sruthan maoineachaidh a' buntainn ris a' Ghàidhlig.

8. Achd nan Cànan Albannach – Aithisg Adhartais nan Sgìrean Cànan Sònraichte

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/8/26 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

Mus do thòisich an deasbad, chuir an Cathraiche agus an t-Iar-Chathraiche an cèill gur e frèam-obrach airson co-chomhairleachadh air Sgìrean Cànan Sònraichte (SCS) a bhathar a' moladh, is nach b' e modail ainmeachaidh crìochnaichte. B' e àite tòiseachaidh airson com-pàirteachadh a bh' anns a' mholadh airson dòigh-obrach airson na Gàidhealtachd air fad. Ged a bha e riatanach gum biodh eadar-theachd ann a bha ag amas air na coimhearsnachdan Gàidhlig as làidire, cha bu chòir dìmeas a dhèanamh air dòigh-obrach chothromach a bhiodh a' gabhail a-steach na Gàidhealtachd air fad gus co-

chomhairleachadh a chumail agus fios air ais a shireadh bho gach sgìre. Bha leantail eachd an cois na Gàidhlig sa Ghàidhealtachd agus gus an cànan a chumail suas dh'fheumadh coimhearsnachdan dùthchasach a bhith air an neartachadh a bharrachd air a bhith a' toirt taic do choimhearsnachdan a bha a' tighinn am bàrr no a' leasachadh. Bheireadh an co-chomhairleachadh seachad cothrom gus fios air ais fhaighinn a thaobh far am faodadh coimhearsnachdan na slatan-tomhais eile de SCS a choinneachadh agus bheireadh co-chomhairleachadh làn-ùghdarrais seachad cothrom gus measadh a dhèanamh air co-dhiù a bha feum air dòigh-obrach na bu ghleusta. Mura deigheadh beachdachadh ach air aon phàirt sa cho-chomhairleachadh, bhiodh seo an crochadh gu trom air aon shlat-tomhais gus prìomhachas a mhìneachadh sa cho-chomhairleachadh, agus sin as coireach gun robh feum air dòigh-obrach na b' fharsainghe stèidhichte air àite.

Mhìnich Achd nan Cànan Albannach na slatan-tomhais fon deigheadh beachdachadh air sgìre airson ainmeachadh. B' iad seo: ma bha àireamh shusbainteach de dhaoine san sgìre le sgilean Gàidhlig (co-dhiù 20% de shluagh na sgìre); ceanglaichean eachdraidheil ris a' Ghàidhlig; solar foghlaim; agus gnìomhachd chultarach Ghàidhlig. Bhathar air na molaidhean a ruigsinn às dèidh beachdan, sgrùdadh is stiùireadh bho oifigearan, àrd-luchd-stiùiridh agus Buill Thaghte, mar sin a' taisbeanadh suidheachadh corporra. Bhathar a' brosnachadh a' phobaill com-pàirt a ghabhail sa cho-chomhairleachadh gus am b' urrainn beachdan cur ris an dòigh-obrach dheireannaich. Bha Achd nan Cànan Albannach 2025 fìor chudromach airson na Gàidhlig agus, le bhith a' toirt inbhe oifigeil dhith, b' e ceum mòr air adhart a bha seo. Bha i a' tabhann frèam-obrach reachdail làidir airson fàs, a bharrachd air a bhith a' comharrachadh dealas nàiseanta do dh'àm ri teachd a' chànain.

Chaidh briseadh-dùil a chur an cèill mu phuist a bha air nochdadh air na meadhanan sòisealta o chionn ghoirid, far an robh oifigearan agus Buill air an comharrachadh. Fhad 's a bhathar a' gabhail ris gun robh sgrùdadh poblach cudromach, cha robh an giùlan seo iomchaidh. Bha an obair air fad a chaidh a dhèanamh a rèir inbhean is giùlan na Comhairle ris am biodh dùil agus bha oifigearan air an dleastanasan a ghabhail os làimh ann an dòigh spèiseil is phroifeiseanta.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingeann a leanas a thogail:

- b' i seo tè de na h-aithisgean a bu chudromaiche a bha air tighinn fa chomhair Comataidh na Gàidhlig agus bha cothroman mòra na lùib an dà chuid airson a' chànain agus airson na Gàidhealtachd;
- chaidh aithneachadh gura dòcha nach biodh cuid de sgìrean airson a bhith air an comharrachadh mar SCS ach gun robh feadhainn eile mar-thà ag obair air planaichean Gàidhlig;
- bhiodh obair mhòr an lùib na h-eacarsaich co-chomhairleachaidh;
- bha e cudromach gun robh cothroman ann dhan sgìre air fad ach chaidh aithneachadh gun robh diofar ìrean de Ghàidhlig ann;
- bha e riatanach gum biodh com-pàirt aig coimhearsnachd na Gàidhealtachd san fharsaingeachd;
- chaidh eòlas pearsanta nam Ball a thaobh a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig a mhìneachadh agus bha e cudromach gun robh àiteachan sàbhailte ann far am b' urrainn do luchd-ionnsachaidh èisteachd, tuigsinn is bruidhinn gun eagal a bhith orra mu bhith a' dèanamh mhearachdan;

- dh'fheumadh coimhearsnachdan cothroman fhaighinn agus bha conaltradh cudromach. Cha deach càil a cho-dhùnadh fhathast – b' e seo a' chiad cheum sa phròiseas;
- dh'fheumadh Buill smaoineachadh air a seo mar chùis a bha a' toirt buaidh air a' Ghàidhealtachd air fad, chan e dìreach an sgìre aca fhèin;
- chaidh moladh a dhèanamh air dealas nam Ball is nan oifigearan gus a' Ghàidhlig a lìbhrigeadh, is iad tric a' dèanamh barrachd air na bha riatanach. Bha e cudromach gun robh a h-uile duine ag obair còmhla ann an dòigh cho-obrachail is shuimeil airson dèanamh cinnteach gun robhar a' tabhann cothrom dhan Ghàidhealtachd air fad, le diofar ìrean de dh'ùidh sa Ghàidhlig, gus cànan is dualchas na Gàidhlig a lìbhrigeadh nuair a thigeadh an cothrom am bàrr;
- bhiodh am pròiseas co-chomhairleachaidh a' tòiseachadh san t-Sultain agus cha robh co-dhùnadh sam bith ann fhathast a thaobh na thigeadh às;
- dhèanadh dòigh-obrach a bhiodh a' com-pàirteachadh na Gàidhealtachd air fad cinnteach gum faodadh beachdachadh air gach sgìre mar SCS a rèir na h-Achd agus gus ion-ghabhaltas a shealltainn; agus
- bha na ceumannan a thaobh a' cho-chomhairleachaidh a bha air am mineachadh san aithisg reusanta agus bha argamaid sam bith an aghaidh seo mì-reusanta.

Às dèidh sin:-

- i. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** do dh'ullachaidhean Achd nan Cànan Albannach 2025 a thaobh Sgìrean Cànan Sònraichte;
- ii. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** gu bheil an Sgioba Stiùiridh Corporra air dòigh-obrach làn-ùghdarras aontachadh a thaobh SCS;
- iii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh gu bheil sònrachadh làn-ùghdarras, le taic bho fhrèam-obrach a tha stèidhichte air àiteachan, a' toirt seachad na dòigh as co-rèiriche agus as èifeachdaiche gus CSC a bhuileachadh sa Ghàidhealtachd;
- iv. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh **MOLADH** dhan làn-Chomhairle gun tèid Sgeama Tiomnaidh Chomataidh na Gàidhlig atharrachadh gus dleastanas a shuidheachadh airson a bhith a' stiùireadh phròiseasan sònrachaidh nan Sgìrean Cànan Sònraichte; agus
- v. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** gun deigheadh aithisgean a bharrachd a thoirt chun na Comataidh a thaobh cheumannan lìbhrigidh, riaghlachas is co-chomhairleachadh.

9. Aithisg Adhartais Plana na Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/9/26 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** do na leanas:-

- i. susbaint na h-aithisg adhartais PRMS seo;
- ii. cur a-steach is measadh fàbharach bileag-thuairisgeil sgrùdadh bliadhnail Bhòrd na Gàidhlig airson Cèitean 2024 gu Cèitean 2025; agus
- iii. freagairt na Comhairle do cho-chomhairleachadh Cairt Rìoghail a' BhBC, mar a chithear sna h-eàrr-ràdhan.

10. Cunntas air Foghlam Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/4/26 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingeann a leanas a thogail:

- bha Buill air am brosnachadh leis an deagh adhartas a bhathar a' dèanamh ann am foghlam Gàidhlig air feadh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd, ach bha e cudromach coimhead gu breithneachail air an adhartas a bhathar air a dhèanamh. Chaidh luach a' cho-obrachaidh eadar a' Chomataidh seo agus Comataidh an Fhoghlaim a shoilleireachadh;
- bha dùbhlain leantainneach air feadh na Gàidhealtachd air sàillibh nithean a leithid cruinn-eòlas, cuideam air goireasan, agus an àireamh sgoiltean;
- bu chòir riochdachadh a dhèanamh do mhinistearan ùra Riaghaltas na h-Alba a thaobh na taic a bhathar a' sireadh, air sàillibh 's mar a bha Comhairle na Gàidhealtachd air thoiseach ann a bhith a' libhrigeadh FtG;
- bha dragh ann gun robh mòran sgoilearan a' roghnachadh gun a bhith a' leantainn air adhart leis a' Ghàidhlig san sgoil às dèidh ÀS3; agus
- cha robh e na riatanas reachdail Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) a libhrigeadh agus chaidh iarraidh gun deigheadh seo a rannsachadh le Riaghaltas na h-Alba. Ach, bha dealas aig Sgioba na Gàidhlig taic is brosnachadh a thoirt do FtG agus bha eachdraidh fhada aig an sgioba a thaobh a bhith a' libhrigeadh seo.

Às dèidh sin:-

- i. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh fàilte a chur air leudachadh leantainneach Foghlaim Ghàidhlig san Sgìre a Tuath;
- ii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh aithneachadh gu bheil àireamhan sgoilearan Gàidhlig a' fàs thar nan roinnean; agus
- iii. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** do ghnìomhan Seachdain na Gàidhlig agus an dealas a th' aig sgoiltean com-pàirt a ghabhail san iomairt bhliadhnail.

Chrìochnaich a' choinneamh aig 4.30f.